


Baraidh Bèicear Mòr agus na burraidhean



An teacs a Gill agus Paul Hamlyn
Na dealbhan Philippe Dupasquier
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR

Caibideil 1

Bha Baraidh agus a thriùir charaidean, Iòsaidh, Ealasaid agus Ruairidh, air an rathad dhan sgoil.

Thòisich Baraidh a' ruith.

“Cuiridh mi geall nach beir sibh orm,” thuirt e, agus e a' ruith. Bha Baraidh airson a bhith aig an sgoil ron a h-uile duine a h-uile latha.

“Cha bheir sinn air co-dhiù,” ars Iòsaidh.

“Coisichidh sinne.”





Ach 's ann a chuala Iòsaidh, Ealasaid agus Ruairidh cuideigin ag èigheach agus a' dèanamh fuaim air an cùlaibh.

Choimhead iad air an cùlaibh agus chunnaic iad clann na bu shine gan leantail.

“Beiridh sinne oirbh!” dh'èigh a' chlann a bu shine.

Ruith a' chlann a bu shine às dèidh Iòsaidh,
Ealasaid agus Ruairidh, sìos an t-sràid.

“Beiridh sinne oirbh!” dh’èigh iad.

Bha iad cus na bu luaithe na Iòsaidh,
Ealasaid agus Ruairidh, agus cha b’ fhada
gus an do ràinig iad far an robh iad.

An uair sin, gun duine gam faicinn, leag iad
Iòsaidh, phut iad Ealasaid agus dh’èigh iad
ri Ruairidh.





Nuair a ràinig iad an sgoil, chunnaic Baraidh nach robh iad idir air an dòigh. “Bheil sibh diombach dhìomsa airson ruith air thoiseach oirbh?” dh’èigh Baraidh.

“Chan eil,” thuirt Ealasaid le guth brònach.

“Dè tha ceàrr?” dh’fhaighnich Baraidh.

“Chan eil dad,” ars Iòsaidh, agus i a’ coimhead air gearradh air a glùin.

Chaidh Baraidh Mòr a-null gu a charaidean.
“Mura bheil dad ceàrr, carson a tha sibh
a’ coimhead cho brònach?” dh’fhaighnich e.
Choimhead na caraidean air a chèile.
“Ò, siuthad,” ars Iòsaidh. “Innis dha.”
Mar sin dh’innis Ruairidh dha Baraidh Mòr
mar a ruith clann na bu shine às an dèidh
agus mar a leag iad iad.





“Beiridh mise orrasan an ath thuras,”
arsa Ruairidh.

“Cha dèan iad a’ chùis ormsa a-rithist!”

“Na bi gòrach,” arsa Baraidh. “Tha iad
nas sine na thu agus ghoirticheadh iad
thu. Can thusa riutha mura leig iad leat
gun innis thu dhad charaid, Baraidh
Bèicear Mòr, agus gun gabh esan orra.”

An dèidh na sgoile choisich Baraidh Bèicear Mòr dhachaigh còmhla ri a charaidean. Ach bha Iòsaidh, Ealasaid agus Ruairidh a' smaoinichadh air na burraidhean fad na h-ùine. A h-uile turas a bha iad a' cluinntinn fuaim air an cùlaibh bha iad a' leum agus a' coimhead mu chuairt. Cha robh Baraidh air a dhòigh gun robh a charaidean cho brònach.

“Nach tèid sinn uile a shnàmh?
Dìochuimhnichidh sinn na burraidhean an uair sin.”



Caibideil 2



An ath latha choinnich Iòsaidh, Ealasaid agus Ruairidh ri Baraidh Mòr aig àite-stad a’ bhus.

“Thuirt mo mhàthair gum faodainn falbh leis a’ bhàic,” thuirt Baraidh, “agus chì mi sibh aig an amar-snàmh.” Dh’fhalbh e leis a’ bhàic.

Cha b’ fhada gus an tàinig am bus agus chaidh Iòsaidh, Ealasaid agus Ruairidh air bòrd. Ach cha tug iad an aire dha na burraidhean nan suidhe sa chùl.

“Seall cò tha seo,” arsa fear dhe na burraidhean agus e a’ coiseachd suas am bus. Shlaod fear dhiubh falt Ealasaid cho làidir ’s a b’ urrainn dha. “Aobh!” ars Ealasaid. “Bha siud goirt.” Bha na burraidhean uile a’ gàireachdainn.



“Tugainnibh,” arsa Ruairidh.

“Gluaisidh sinn. Tha iad cho mì-mhodhail.”

Dh’èirich burraidh eile an uair sin agus thug e ùpag dha Ruairidh.

“Sguiribh dhen sin!” dh’èigh an dràibhear.





“Tugainnibh,” ars Iòsaidh. “Seo an stad againne.” Leum an triùir charaidean far a’ bhus cho luath ’s a b’ urrainn dhaibh.

“Gheibh Baraidh Mòr sibhse an ath thuras,” dh’èigh Ealasaid ri na burraidhean. Thòisich Ealasaid a’ rànaich.

“Tha an t-eagal orm,” thuirt i. “Dè thachras ma chì sinn iad a-rithist air an rathad dhachaigh?”

“Tugainnibh,” arsa Ruairidh. “Gheibh sinn Baraidh agus bidh fios aigesan dè nì sinn.”

Nuair a chaidh iad a-steach dhan
amar-snàmh bha Baraidh an sin rompa.
B' e a' chiad duine san uisge gach turas.
Shnàmh Iòsaidh, Ealasaid agus Ruairidh
a-null thuige, agus dh'innis Iòsaidh dha
mu na burraidhean air a' bhus.





“Cuiridh mi geall nach biodh iad air tighinn faisg oirnn nam biodh tusa air a bhith ann,” ars Ealasaid. “Coma leat,” arsa Baraidh.

“An ath thuras, beiridh sinne orrasan, nach beir, a Ruairidh?”

Rinn e gàire beag ri a charaid.

“Tugainnibh,” thuirt e. “Cuiridh mi geall gu snàmh mi nas luaithe na sibhse.”

Nuair a thàinig iad a-mach às an amar-snàmh choisich iad tarsainn na pàirce còmhla ri Baraidh.

“Tha mi ’n dòchas nach fhaic sinn na burraidhean ud a-rithist,” ars Ealasaid.





Nuair a bha iad sa phàirc, thuir Baraidh,
“Nach stad sinn agus nach cluich sinn
falach fead?”

“Tha mi a’ smaoineachadh gum bu chòir
dhuinn a dhol dhachaigh,” arsa Ruairidh.

“Och, fuirich,” arsa Baraidh. “Cluich aon
ghèam. Siuthad! Falaichidh mise agus
feuchaidh sibhse uile rim lorg.”

Mus canadh iad facal eile bha Baraidh air
falbh na ruith.

“Tha an t-eagal ormsa,” ars Iòsaidh.

“Tugainn ma-thà. Feuch ri Baraidh a lorg gu sgiobalta agus gheibh sinn dhachaigh,” arsa Ruairidh.

Mar sin choimhead Iòsaidh, Ealasaid agus Ruairidh airson Bharaidh.

Choimhead iad air cùl a’ bhalla.



Choimhead iad air cùl na craoibhe mòire.

Choimhead iad air cùl nan dreallagan.



Dìreach an uair sin chunnaic Iòsaidh clann
a' tighinn tarsainn na pàirce.

“Ò, na can rium!” ars Ealasaid.

“Nach seall thu cò th' ann?

Càit a bheil Baraidh agus feum againn air?”

“Cha teich sinn an turas seo,”
arsa Ruairidh.



Thòisich na burraidhean air èigheach nuair
a thàinig iad faisg.

“Càit a bheil an caraid làidir agaibh
ma-thà? Càit a bheil Baraidh Bèicear
Mòr?”






Siud, chuala iad èigh.

“S mise Baraidh Bèicear Mòr! Agus ’s iad seo mo charaidean!”

Thionndaidh Iòsaidh, Ealasaid agus Ruairidh mu chuairt. An sin bha Baraidh Bèicear Mòr. Bha e air a bhith am falach sna preasan air an cùlaibh. Sgair na burraidhean a ghàireachdainn. Choimhead iad air Baraidh. Bha e a’ coimhead na bu mhotha na iadsan agus bha e glè chrosta.

Nis 's ann air na burraidhean a bha an t-eagal. Thionndaidh iad agus ruith iad air ais tarsainn na pàirce. Ruith Baraidh Mòr às an dèidh. “Chan eil duine cho luath ri Baraidh Bèicear Mòr,” dh’èigh Iòsaidh, Ealasaid agus Ruairidh àird an claignn. Lean iad Baraidh Bèicear Mòr tarsainn na pàirce.





Thuit tè dhe na burraidhean dhan pholl.



Thuit fear eile am measg nam preasan.

Dh'fheuch fear eile
ri balla a leum
agus ghoirtich e a ghlùin.



Dh'fheuch aon tè
ri craobh
a shreap.



“Cha chuir iad dragh oirbh tuilleadh,”
arsa Baraidh Mòr. “Tha fios aca a-nis nach
fhaod iad a bhith a’ cur eagal air daoine.”
“Tapadh leat,” ars Iòsaidh, Ealasaid agus
Ruairidh.

Choisich an ceathrar charaidean còmhla
tarsainn na pàirce.

An turas ud cha do choimhead iad air an
cùlaibh.

Cha do choimhead
eadhon aon turas.



Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ
earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND
IBADAN JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE
PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO

© Gill agus Paul Hamlyn 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997
A' chiad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2005

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004, 2003
10 9 8 7

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn.

Tha Gill agus Paul Hamlyn a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air an comharrachadh mar ùghdaran na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 664 3